

An Comunn Gàidhealaich



ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

Lùnastal 2015 / August 2015

Teachdaireachd bho Neach-gairm Comataidh Mòd an Òbain

Mar Neach-gairm Comataidh Ionadail a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail, bu toigh leam fàilte bhlàth a chuir air luchd-tadhail a' Mhòid dhan Òban. Seo an t-siathamh turas deug a tha am Mòd air a thighinn dhan Òban, baile àraich a' Mhòid.

Ann an co-bhonn ri Oifigearan agus Bòrd-stiùiridh a' Chomunn Ghàidhealaich, tha sinn air tachartas air leth a chuir ri chèile dhuibh. Tha suaicheantas ùr againn, measgachadh de shean is ùr, far am faic sinn lomhaigh ainmeil Tùr MhicCaoig. Bidh a' mheasgachadh seo follaiseach anns na tachartasan oifigeil, na farpaisean agus ann am prògram iomall a' Mhòid. Tha Mòdan An Òbain cliùiteach airson na bhios a' tachairt air an iomall. Tha sinn glè chinnteach nach bidh na tachartasan a th'againn dhuibh am bliadhna na'm briseadh dùil.

Chan urrainn tachartas cho mòr is cho ioma-fhillteach mar Mòd a dhol air adhairt as aonais an oidhírp mhòr, anabarrach bho na daoine a bhios ga'r cuideachadh gu saor-thoileach aig ère nàiseanta agus ionadail. Tha mi air leth taingeil dha na daoine a th'air a bhith ag obair còmhla rinn gu h-ionadail agus gu saor-thoileach air comataidhean agus air cùlaibh gnothaichean agus a h-uile neach a th'air ur cuideachadh ann an iomadh dòigh na'r n-oidhirpean airgead a chruinneachadh. Tha iad air ceudan de dh'uairean saor-thoileach a thoirt seachad dhuinn agus cumaidh iad orra a' dèanamh sin fad seachdain a' Mhòid. Chan urra dhuinn dì-chuimhneachadh cho fior chudromach 's a tha an obair luachmhor seo.

Tha sinn ag iarraidh air luchd-tadhail, muinntir an Òbain agus na tha an sàs ann an obair aoigheachd ur cuideachadh gus an tachartas seo a dhèanamh cho tlachdmhor s a ghabhas, agus tha sinn an dòchas, anns na bliadhna chan ri teachd, gum bidh cuimhneachain prìseil agaibh air Mòd an Òbain 2015.

Donnchadh N Dòmhnaillach
Neach-gairm
Mòd an Òbain 2015



A Message from the Oban Mod Convener

As Convener of the Royal National Mod Local Organising Committee I wish to extend a very warm welcome to all visitors to Oban. This is the sixteenth occasion on which the Mod has come to Oban, its birthplace.

In conjunction with the Officers and Board of An Comunn Gàidhealaich we have put together a truly exciting event. We have a new logo, a blend of the old and the new, which features McCaig's Tower. This blend of the old and the new will be reflected in the official events, the competitions and the fringe. Oban Mods are famous for the latter and we are sure that you will not be disappointed in our offerings this year.

An event of this size and complexity cannot take place without prodigious efforts from volunteers at national and local level. I am particularly grateful to the local volunteers who have helped on committees and behind the scenes and to all those who have directly or indirectly helped our fundraising efforts. They have put in hundreds of voluntary hours and will continue to give their time freely throughout the duration of the Mod. Their contribution should not be underestimated.

We invite visitors, Oban residents and those involved in the local hospitality industry to help us make this a truly stimulating and enjoyable occasion and trust that in years to come you will have very fond memories of Mòd an Òbain 2015.

Duncan N Macdonald
Convener
Mòd an Òbain 2015



Duaisean - Taing

Taing mhòr dhan a h-uile duine a thill na duaisean ron a' cheann-latha, le ainmean agus air an glanadh.

Gu mì-fhortannach tha tàrr dhuaisean nach deach an tilleadh fhathast. Thèid litir a-mach gu na farpaisich seo a dh' aithghearr.

Cuiribh fios thugainn# ma tha dUILGHEADAS AGAIBH LE BHITH TILLEADH NA DUAISEAN AGAIBH.
01463 709 705.

Trophies - Thanks

Many thanks to all who returned their trophies by the return deadline, engraved and in good condition.

There are unfortunately a number of competitors who have still not returned their trophies to us. A penalty letter will be issued in due course.

Please contact us if you are having difficulties in returning your trophies.
01463 709 705.

Dreach Prògram airson Mòd 2015 air-loidhne

Tha sinn air beagan ùrachadh a dhèanamh air dreach prògram airson farpaisean Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo agus tha e ri fhaighinn air an làrach-lìn againn.

Cuimhnichibh gur e dreach a th' ann agus dh' fhaodadh gun tèid atharrachaidhean a dhèanamh air fhathast.
Bruthaibh air an ceangail gu h-ìosal airson an dreach seo:

[Dreach Prògram – air ùrachadh](#)

Mòd 2015 Draft Programme Online

An updated draft programme for this year's Royal National Mod competitions is available online.

Please note that this timetable is issued for guidance only. Timings and venues may change as arrangements are finalised. Please click on the following link to view the draft programme.

[Mod Draft Timetable - Updated](#)

Dearbhadh air Farpaisean

Bu chòrr dhuibh a bhith air dearbhadh fhaighinn gun d' fhuair sinn na foirmean agaibh airson farpaisean na bliadhna seo, le post-dealain no tron phost mur an tug sibh seòladh post-dealain dhuinn.

Mur a d' fhuair sibh dearbhadh, bu chòrr dhuibh fios a chur gu aon de na h-ofisean againn gus dèanamh cinnteach gun d' fhuair sibh na foirmean agaibh.

Ma chuir sibh a-steach airson farpaisean tron siostam air-loidhne, gheibh sibh air a dhol a-steach dhan chunntas agaibh airson sùil a thoirt air na farpaisean agaibh.

Competition Entry Receipts

All those who entered for this year's Royal National Mod competitions should have received a receipt, either by email, if you entered via the online system, or provided an email address. If you did not provide an email address you should have received a receipt through the post.

If you did not receive a receipt you should contact one of our offices to ensure your entry has been received and processed.

If you entered online, you can sign into your account at any time to view your competition details and account information.

Farpaisean nach eil a' dol air adhart

Mar a tha e ag innse anns na Riaghailtean, ma bhios farpais sam bith aon-neach no càraid le nas lugh a triùir farpaisich, dh' fhaodadh nach tèid an fharpais air adhart. Ma thachras seo, thèid innse do na farpaisich cho luath's a ghabhas.

Ma tha sibh airson tarraig a-mach às farpais sam bith, feuch gun innis sibh dhuinn cho luath's a ghabhas, gus nach tèid bh' ur n-ainm dhan phrògram.

Suspended Competitions

As stated in the Rules, should there be low entries, that is, fewer than three, in any solo or duet competitions, we may have to suspend these competitions. Should this be the case, An Comunn Gàidhealach will contact any competitors who may be involved in any such competitions.

If you have decided to withdraw from any of your competitions, please inform us as soon as possible so that your name will not appear in the programme.

An Comunn Gàidhealach

Piosan Fèin-thaghte Mòd 2015

Taing mhòr dhan a h-uile duine a chur thugainn piosan fèin-thaghte airson Mòd na bliadhna seo. Tha sinn air cunntas air-loidhne a chur air dòigh air an làrach-lìn dhan h-uile duine agaibh. Ma chur sibh a-steach airson farpaisean na bliadhna seo tron làrach-lìn, gheibh sibh a-steach dhan cunntas agaibh mu thràth. Airson a h-uile duine eile, tha sinne air seo a dhèanamh dhuibh.

Ma chur sibh thugainn piosan fèin-thaghte sa' phost bidh sinne a' cuir na piosan seo gu lèir air-loidhne agus dhan cunntas agaibh. Nuair a thèid seo a dhèanamh, bidh am pròiseas crìochnaichte. 'S dòcha gu bheil sinn ag obair air na piosan agaibh fhathast ged tha - tha e a' toirt ùine mhòr a h-uile càil a chur air-loidhne.

Thàinig àireamh mhòr de na piosan seo thugainn sa' phost am bliadhna mar sin tha tòrr obair ann an cuir air an siostam. 'S e ur hamas, an ceann dhà no trì bhliadhnaichean, gun tig a' chuid as motha de na piosan a-steach tron làrach-lìn, mar sin bidh am pròiseas nas èifeachdaich agus bidh e comasach dhuinn clàranama airson farpaisean a chur air dòigh nas tràithe.

Mur an do chur sibh a-steach airson farpaisean na bliadhna seo tron làrach-lìn agus ma tha sibh ag iarradh faighinn a-steach dhan cunntas agaibh, cuiribh fios thugainn.

marina@ancomunn.co.uk

Sgeama Measaith nan cairtean Gàidhlig

That has a' cur an cuimhne farpaisich a tha a' feuchainn air Bonn Òr a' Chomuinn Ghàidhealaich agus Bonn Òr an t-Seann Nòis gu bheil e deatamach gun tèid an cuid sgilean Gàidhlig a chur tro dheuchainn a h-uile trì bliadhna. Ma tha cairt òr aig farpaiseach, 's gun iad air sin ùrachadh ann an trì bliadhna, bidh aca ri sin a dheànamh às ùr, mus fheuch iad air na farpaisean. Tha seo ga dheànamh ann an oidhrip fileantas fharpaisich a chumail aig àrd ire. Bidh deuchainnean Gàidhlig rim faotainn aig Mòd an Òbain, seachdain a' Mhòid fhèin.

Tha Sgeama Measaith nan cairtean a' toirt taic agus spionnadh do dh' fharpaisich an cuid sgilean Gàidhlig a leasachadh, gus am faigh iad na cairtean a tha a dhìth orra, airson pàirt a ghabhail anns a' Mhòd. Bho chaidh Sgeama Measaith nan cairtean atharrachadh ann an 2012, tha An Comunn Gàidhealach air 72 cairtean òr, 34 cairtean airgid agus 47 cairtean umha a thoirt seachad do dh' fharpaisich.

Faodar iarrtas a chur gu An Comunn Gàidhealach gus measadh a dhèanamh aig àm sam bith den bhliadhna. Cuiribh fios gu An Comunn Gàidhealach tro mheadhain post-dealain; marina@ancomunn.co.uk neo cuiribh fòn gu 01851 703 487.

Mod 2015 Own Choice Submissions

Thank you to everyone who has submitted their own choice pieces for this year's Mod competitions. An online account has been created for all of this year's Mod competitors. If you entered for this year's competitions online you will already have access to your account. For everyone else, we have done this for you.

Your own choice pieces will eventually be scanned into your account and once this process has been completed, it is at this point that your entry for this year's competitions will be finalised. If you notice in your account that your entries are not yet complete, it will be because we are still working on them. This is a very time-consuming process so we thank you for your patience.

We received a large volume of own choice pieces via the post this year so it takes a while for all of these to be scanned and processed through the system. It is our hope that in the next few years, the bulk of entries and own choice submissions will be submitted online by competitors, consequently making the entry process more efficient. It would also mean that we will be able to get competition timetables drawn up much sooner.

If you entered for this year's Mod competitions by post and would like to access your new account via the online system, feel free to contact us for details.
marina@ancomunn.co.uk

Gaelic Assessment Cards

Competitors who enter the An Comunn Gàidhealach Gold Medal and Traditional Gold Medal senior competitions are reminded again that they must have their fluency levels reassessed every three years. If any competitor with a Gold has not renewed their Gold card within this three year period then they must do so before taking part in the competitions. This is to ensure fluency standards at these competitions are maintained at a high level. Assessment will be available during Mòd week in Oban.

The Gaelic Assessment Scheme continues to see competitors making further and continued progress in learning the language in order to gain the cards they need, to compete and take part at the Mòd.

Following changes to the Gaelic Assessment Scheme made in 2012, An Comunn Gàidhealach are delighted to report that the testing scheme has since seen 72 Gold cards, 34 silver cards and 47 Bronze cards awarded to adult competitors.

Individual appointments for Gaelic assessment can be made at any time throughout the year. For more information please contact An Comunn Gàidhealach, e-mail: marina@ancomunn.co.uk or tel: 01851 703 487.

Oifisean a' Mhòid

'S ann an Tallaichean a' Chorrain a bhios Oifis a' Mhòid agus Ionad Fiosrachaидh a' Mhòid am-bliadhna seo.

Bidh sinn fosgalte eadar 9m agus 5f air Disathairne 10mh agus eadar Diluain an 12mh gu Dihaoine an 16mh den Dàmhair.

Feum air Stiùbhardan airson Mòd an Òbain

Tha Comataidh a' Mhòid a' lorg stiùbhardan a bhiodh deonach cuideachadh gu saor-thoileach fad seachdain a' Mhoid aig farpaisean, ceilidhean, cuirmean is eile.

Ma tha ùin' agaibh tron t-seachdain (9mh gu 17mh den Damhair) airson cuideachadh, feuch gun leig sibh fios thugainn air an duilleag seo no air post-dealan gu moiradunlop@btinternet.com Faodaith sibh cuideachd claradh air an larach-lin againn le bhith a' dol gu <http://www.modanobain2015.com/taic-saor-thoileach-volunteer-support/>

Ma tha sibh air innse dhuinn a-cheana gun urra dhuibh ur cuideachadh, feuch gun cuir sibh fios thugainn a-rithist agus curidh sinn bh' ur n-ainm air an liosta.

Mòran taing dhuibh air fad.

Àite-fuirich

A bheil feum agaibh air cuideachadh a' lorg àite-fuirich anns An Òban neo anns an sgìre mun-chuairt airson Mòd an Òbain 2015? Ma tha, curibh fios gu Riona NicCarraig, Neach-gairm Comataidh nan Àitean-fuirich againn, aig riona.macinnes@gmail.com airson fiosrachadh is stiùireadh.

Tadhlaibh air [Oban and Lorn Tourism Association](#) airson tuilleadh fiosrachadh a thaobh àite-fuirich.

Ullachaidhean airson Mòd 2015

Tha sinn cinnteach gu bheil farpaisich Mòd na bliadhna seo trang a' dèanamh deiseil airson na farpaisean aca. Bidh mòran agaibh a' cur seachad oidhcheanan agus deireadh sheachdainean ag ullachadh. Tha tàrr obair an sàs ann a bhith a' gabhail pàirt ann am farpais agus tha mòran a' toirt seachad an tide gu saor-thoileach gus taic a thoirt do farpaisich. Tha sinn cuideachd mothachail gu bheil tàrr siubhail agus cosgaisean an lùib ullachaidhean Mòd.

Tha sinn an dòchas gun tèid gu math dhuibh uile agus tha sinn a' coimhead air adhart ri bh' ur faicinn anns an Dàmhair!

Mod Office and Information Desk

Our Mod Office and Mod Information Desk will be situated in the Corran Halls during Mod week.

The Mod Information Desk will be open between 9am and 5pm on Saturday 10th and again from Monday 12th until Friday 16th October

Stewards Required for Oban Mod

The Local Organising Committee are looking for volunteer stewards to help us during Mod week at competitions, ceilidhs, concerts, etc.

If you have time during the week (9th to 17th October) could you let us know either on this page or by email to moiradunlop@btinternet.com.

You can also register through our website by going to <http://www.modanobain2015.com/taic-saor-thoileach-volunteer-support/>

If you have already let us know that you are able to help,, could you please contact us again, so that we can add your name to the list.

Many thanks to you all.

Accommodation

Do you need some help finding somewhere to stay in Oban or the surrounding area for Mòd an Òbain 2015? If so, contact our Accommodation Committee Convener, Riona MacCormick at riona.macinnes@gmail.com for information on accommodation providers in the area.

Alternatively, you can visit [Oban and Lorn Tourism Association](#)

Preparations for Mod 2015

We are sure that all competitors are very busy at present working on final preparations for this year's Mod. Many will be spending their weekends and evenings attending practices. So much time and effort goes into preparing for competitions and a huge amount of voluntary effort as well. We are very aware of the distances that many competitors travel and the costs involved in attending practices.

We would like to take this opportunity to wish you all the very best of luck, we are sure that all your hard work will pay off and we look forward to seeing you in October!

An Comunn Gàidhealach

Lùghdachadh air prìs ticeadan dha Buill ACG

Bheil sibh n' ur ball den Chomunn Ghàidhealaich?

Bidh buill a' Chomuinn a' faighinn lùghdachadh suas gu 50% air cosgaisean ticeadan a' Mhòid – 'se sàbhaladh mòr a tha seo dhuibh, gu h-àraidh ma bhios sibh a' frithhealadh mòran farpaisean thairis air seachdain a' Mhòid!

Ma tha sibh airson ballrachd a thoirt a-mach, tadhlaibh air:
www.ancomunn.co.uk - ballrachd

£15 - Inbhich
£5 - Oileanaich



Leabharlann Nàiseanta na h-Alba

Chaidh aontachadh aig coinneamh Bòrd Stiùiridh a' Chomuinn bho chionn ghoirid, gun tèid an stòras a th' againn de leabhraichean agus faidhlaichean a chur gu Leabharlann Nàiseanta na h-Alba an Dùn Èideann. Ged nach eil an stòras gu leòr ann – chaidh pàirt dheth a mhilleadh ann an teine agus chaidh pàirt a ghoid uaireigin – tha iomadach rud inntinneach ann mar geàrr-cunntais bho coinneamhan agus faidhlaichean a' dol air ais chun àm a chaidh a' bhuidhean a stèidheachadh còrr is ceud bliadhna air ais.

Bha na stiùirichean gu mòr den bheachd gun cumadh seo an stòras againn sàbhailte leis gur ann an Leabharlann a bhios iad air an cumail. Cuideachd thathas an dòchas gum bidh an stòras ri fhaighinn ann an cruth didseatach anns na bliadhnaichean a tha romhainn.

Tha sinn toilichte gum bidh e comasach dha oileanaich, daoine acadeamaigeach agus muinntir na meadhanan an stòras seo fhaicinn tron Leabharlann Nàiseanta an Dùn Èideann agus 's dòcha air-loidhne anns na bliadhnaichean ri teachd.

A thuilleadh air an sin, thèid tuilleadh leabhraichean Gàidhlig agus leabhraichean ciùil nach eil ann ann Leabharlan Nàiseanta na h-Alba gu seo a chur sios thuca cuideachd agus bidh cothrom aig duine sam bith an cleachdadh.

Tha sinn toilichte gum bidh riochdairean bho Leabharlann Nàiseanta na h-Alba còmhla rinn aig Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo san Òban san fhoghair. Tha sinn an dòchas gun lean an ceangail a tha seo anns na bliadhnaichean ri teachd.

Iain Moireasdan
Àrd Oifigear

Discount for ACG Members

Are you a member of An Comunn Gàidhealach?

All members of An Comunn Gàidhealach receive a discount of up to 50% on Mod tickets – that's a big saving, particularly if you hope to attend a number of Mod events during the course of the week!

To become a member of An Comunn Gàidhealach, please visit:
www.ancomunn.co.uk - ballrachd

£15 - Adults
£5 - Students



National Library of Scotland

A recent meeting of the Board of Directors agreed to the transfer of the archives of An Comunn Gàidhealach to the National Library of Scotland (NLS) in Edinburgh. Although the archive is incomplete – some material was lost in a fire and some damage was caused by a burglary – it contains important minute books and other documents going back to the founding of the organisation well over a century ago.

The Directors felt that this will safeguard the collection. Storage will be in a controlled environment which is suitable for this type of material and access will be controlled by professional library staff. In addition, the Directors are confident that, through time, the resources of the NLS will allow digitisation of the archive.

We are pleased that all interested parties – from students and academics to local historians and the media – will be able to access these archives at the National Library in Edinburgh or online, in future years.

In addition to the archives, a large selection of Gaelic texts and music books which are not currently held in stock at the National Library of Scotland, are also to be transferred to allow wider access by the community.

We are also delighted that we shall be joined by NLS as a partner organisation at the Royal National Mòd in Oban this autumn. We hope this will be an arrangement that will continue well into the future.

John Morrison
Chief Executive

An Comunn

Gàidhealach

Raonaid Mitchell

'S ann duilich dha rìreabh a bha sinn nuair a fhuair sinn an naidheachd gun do chaochail Raonaid Mitchell, aig aois 83 bho chionn ghoirid.

Bhiodh mòran agaibh gu math eòlach air Raonaid agus Tòmas, nach maireann, oir bha an dithis aca gu mòr an sàs anns na Mòdan, aig ire nàiseanta agus gu h-ionadail agus cuideachd ann an coimhairsnachd Gàidhlig Ghlaschu airson iomadach bliadhna.

Tha sinn a' cuimhneachadh air teaghlaich Raonaid agus na h-oghaichean aice aig an àm duilich a tha seo. 'S e teaghlaich gu math faisg a bh' unnta agus bha sinn gu math eòlach orra uile nuair a bhiodh iad a' tighinn a chèilidh air Tòmas agus Raonaid aig a' Mhòd. Boireannach àlainn agus ionndrainnaidh sinn i gu mòr.



Raonaid agus Tòmas

Iain Moireasdan

Chail am Mòd sàr charaid eile bho chionn beagan sheachdainean, nuair a chaochail Iain Moireasdan, no Iain a' Mhillichan mar a bha sinn nas eòlach air. Bha Iain air a bhith fulang le aillse airson ùine.

'B e caractar gu math èibhinn a bh' ann an Iain. Bha e gu math ainmeil ann an Eilean Leòdhais, duine còir agus càirdeil. 'S e caraid air leth a bh' ann dha luchd-obrach a' Mhòid, bhiodh e a' siubhal gach bliadhna chun a' Mhòd a' coinneachadh ri seann charaidean agus a' coinneachadh ri feadhainn ùra.

Bha e gu math taiceil dhan a' Mhòd agus dha iomadach buidhean coimhairsnachd agus spòrs. Thèid ionndrainn gu mòr anns na coimhairsnachdan seo. Bha e cuideachd na Chomhairliche air Comhairle nan Eilean Siar agus bidh iad na ionndrainn gu mòr aig a' Chomhairle.

Tha sinn a' cuimhneachadh air teaghlaich Iain aig an àm duilich a tha seo.



Rae Mitchell

It is with great sadness that we share the news of the passing of one of our dearest of friends, Rachel (Rae) Mitchell, who died at the age of 83 earlier this summer.

Many of you would have been familiar with Rae, along with her late husband Tom, who were a huge part of the Mod – both nationally and locally, and in the Gaelic community in Glasgow for many years.

Our sympathies go to Rae's family and grandchildren at this very difficult time. They were such a close family and we came to grow very fond of them all over the years while they came to visit Tom and Rae at the Mod each year. A lovely lady who we will miss greatly.



Iain Morrison

The Mod lost another dear friend a few weeks ago. We were sad to hear of the passing of Iain Morrison, more commonly known as Ian a' Mhillichan, who passed away after a courageous battle with cancer.

Iain had a great sense of humour and was well known throughout the community of the Isle of Lewis. He was a great friend of the Mod and would travel each year to the host location, meeting old friends and making new ones. To be in his company was indeed a delight.

Iain was very supportive of the Mod as well as numerous other community and sports groups. He will be greatly missed by many. He served as a Councillor on Comhairle nan Eilean Siar for many years and will be greatly missed at the Comhairle.

We remember Iain's family at this sad time.



An Comunn Gàidhealach

Clan Macquarrie Community Centre

Ceilidh Dance Tribute to the Memory of
Iain a' Mhillichan and his final charity quest to raise funds for Acuvein

Top Gaelic Singer **Iain MacKay**

Up and coming young talent **Sam MacKay**

Lynn MacLean Dancers

The popular **Ness Melodeon Band**

Dancing to Accordion Duo **Donny & Diane**

And others

MC **Tom MacIver**



Sat 26th September

7.30pm to 11.30pm



Donations at door



Raffle Bring Your Own Booze
Tea, coffee and light refreshments



An Comunn Gàidhealach

Mòdan Ionadail 2015 / Provincial Mods 2015

Thèid na Mòdan a leanas a chumail san t-Sultain agus san Dàmhair. An dòchas gun tèid gu math dhuibh uile.

The following Mods will take place in September and October. We wish you all the best of luck.

Muile / Mull

11 - 12 Sultain / September

secretary@mullmod.org.uk

Taobh Siar Rois / Wester Ross

18 Sultain / September

duncan-ross@sky.com

Barraigh / Barra

25 – 26 Sultain / September

modbharraigh@aol.com

Lochalsh / Loch Aillse

2 Dàmhair / October

bi.smith@btopenworld.com



www.ancomunn.co.uk/localmods



An Comunn Gàidhealach



Brot is Mìlsean

Chaidh feasgar Brot is Mìlsean a chumail le Comataidh Mòd 2016 air Dìhaoine 21 Lùnastal ann an Ionad Newton, Steòrnabhagh.

Taing mhòr dhan a h-uile duine a thàinig air an latha. Thèid an ath Brot is Mìlsean a chumail san t-Samhain.

Soup and Pudding

The Mod 2016 Local Organising Committee held a Soup and Pudding lunch on Friday 21st August in the Newton Centre, Stornoway.

Thanks to all who came along on the day and donated. Our next Soup and Pudding will take place in November.



Tha Mòd nan Eilean Siar 2016 a' toirt thugaibh...

Dannsa le

Catch 22 & Norrie 'Tago' MacIomhair

Club Goilf Steòrnabhaigh

Disathairne 5 Sultain

9f

£6

**Gheibheart ticeadan bho An Comunn Gàidhealach,
no cuiribh fòn air 01851 703 487.**



An Comunn Gàidhealach



Care for a Cèilidh

Bha mìosan trang aig muinntir Care for a Cèilidh thairis air an t-sàmhradh far an do thadhail iad air dhà no trì dhachaidhean-cùram. Chìthean dealbhan gu h-ìosal a' sealntainn measgachadh de sheinneadairean agus cluicheadairean a thug an tide aca seachad san luchar agus an Lùnastal. Taing mhòr dhaibh uile.

The summer months have been busy for those volunteering for Care for a Cèilidh. A number of care homes were visited over July and August, below are some photographs. Many thanks once again to the volunteers.

<https://www.facebook.com/CareForACeilidh>



An Comunn Gàidhealach

Fèis Eisteddfod 2015

Chaidh Fèis Nàiseanta an Eisteddfod a chumail aig toiseach an Lùnastal sa' Chuimrigh. Tha ceanglaichean làdir eadar am Mòd agus an Eisteddfod agus gach bliadhna bidh riochdaire bhon Chomunn Gàidhealach a' tadhail air an fhèis bhliadhnaill anns a' Chumrigh as leth am Mòd Nàiseanta Rìoghail.

Bidh sinn fhèin cuideachd air leth toilichte fàilte a chur air riochdairean bhon Eisteddfod chun a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail gach bliadhna. 'S dòcha gu bheil sibh air coinneachadh ri muinntir an Eisteddfod aig a' Mhòd roimhe seo, gu sònraichte nuair a bhiodh iad a' toirt seachad duaisean aig feadhainn de na farpaisean. Am bliadhna seo, thadhail Iain Moireasdan, Àrd-oifigear a' Chomuinn air an fhèis.

Tha mòran shàmhlaidean eadar a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail agus an Eisteddfod Nàiseanta. Cha mhòr nach e na h-aon amasan a th' aig an dà fhèis. Bidh gach fèis airson an cànan agus an cultar a leasachadh le bhith a' cuir air dòigh measgachadh de dh' pharpaisean, tachartasan is eile dha daoine de gach aois.

Bidh am Mòd agus an Eisteddfod a' toirt daoine còmhladh ann an ann an suidheachaidhean ceòl, seinn, litreachas, dansa agus mòran eile. Bidh an dà Fhèis a' gabhail àite ann am baile eadar-dhealaichte gach bliadhna agus le sin, a' toirt mòran a-steach gu eaonmaidh na sgìre.

Tha sinn airson taing mhòr a thoirt dhan Eisteddfod airson an fhàilteachas a bhios iad a' toirt dhuinn gach bliadhna. Tha sinn air a bhith n' ur caraidean le muinntir an Eisteddfod airson ionadach bliadhna agus tha sinn a' coimhead air adhart ri fàilte a chur orrasan aig Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo san Òban.

Gheibhear fiosrachahdh mun Eisteddfod aig:

www.eisteddfod.org.uk

Eisteddfod Festival 2015

This year's National Eisteddfod of Wales took place at the beginning of August. The Royal National Mod has strong links with the Eisteddfod and each year a representative from An Comunn Gàidhealach is invited to attend the annual Welsh festival on behalf of the Royal National Mod.

Likewise, each year we are delighted to welcome a representatives from the Eisteddfod at the Royal National Mod. You may have come across representatives from the Eisteddfod over the years, particularly during prize-givings at Mod competitions. This year, John Morrison, Chief Executive of An Comunn Gàidhealach, attended the Eisteddfod on behalf of the Royal National Mod.

The Royal National Mod shares a lot in common with the National Eisteddfod of Wales. Both festivals aim to promote their language and culture by offering a range of competitions, events and activities aimed at all ages and interests.

The Mod and the Eisteddfod try to bring together people from all ages and backgrounds to enjoy a mix of music, song, literature, dance and much more. Both festivals travel to a different location each year as well, bringing a significant economic boost to these areas.

We would like to thank the Eisteddfod organisers for their invitation and their hospitality each year. The Mod has enjoyed a strong friendship with the Eisteddfod for many years and we look forward to seeing our Welsh friends at the Royal National Mod in Oban again this year.

To learn more about the National Eisteddfod of Wales, visit:

www.eisteddfod.org.uk



www.eisteddfod.org.uk

An Comunn Gàidhealaich



COMUNN GÀIDHLIG INBHIR NIS
Òraid: Rannsachadh Gàidhlig sa Chruth-Tìre
le lain Moireach
Dihaoine 11 an t-Sultain 19.30
Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

An-asgaidh. Fàilte dhan a h-uile



COMUNN GÀIDHLIG INBHIR NIS
Talk: Reading the Gaelic Landscape
by John Murray
Friday 11 September 19.30
Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

ALL WELCOME

Taisbeanadh Gàidhlig

Gach bliadhna, bidh Taisbeanadh Gàidhlig againn aig a' Mhòd a bhios a' ruith fad na seachdaine. Bidh measgachadh de bhuidhnean Gàidhlig agus ionadail ann le fiosrachadh mu dheidhinn na seirbhisean a tha iad a' tabhann.

Nam measg bidh Comhairle nan Leabhrachean agus Acair le leabhrachean, CDs & DVDs bhon bhùth aca, Clì Gàidhlig, Sabhal Mòr Ostaig, Alba Aosmhor, Dualchas Nàdair na h-Alba agus mòran eile.

Cuideachd, bidh tachartasan beò, òraidean, ceòl agus taisbeanaidhean eadar-dhealaichte a' gabhail àite thairis air an t-seachdaine, mar sin dèanaibh cinnteach gun tig sibh a chèilidh oirnn!

Airson tuilleadh fiosrachaiddh cuiribh post-dealain gu:

Alison NicEanraig - alison@mypinkipromise.co.uk

Gaelic Showcase

Each year we have a Gaelic Showcase which runs for the duration of the Mod, which features a wide selection of Gaelic and local exhibitors with lots of information about their products & services.

These include the Gaelic Books Council and Acair who will have many books, CDs and DVDs to sell, Cli Gàidhlig, Sabhal Mor Ostaig, Historic Scotland and Scottish Natural Heritage with lots of information, and many more.

The week also features events, demonstrations and readings within a performance area in the heart of the Showcase so please pop in and say hello.

If you are interested in booking a stand at the Gaelic Showcase or for any further information please contact:

Alison Henderson - alison@mypinkipromise.co.uk



An Comunn Gàidhealach

Sgrìobhadair Ciùil Òigridh / Comunn na Clàrsach Young Composer Award

Tha Communn na Clàrsach a' cumail farpais a-rithist am bliadhna airson Sgrìobhadair Ciùil Òigridh. Tha cothrom aig neach-sgrìobhaidh ciùl a tha eadar 16-25 bliadhna a dh' aois, pìos ceòl ùr a chur a-steach thugainn, a bhios eadar 10 agus 15 mionaid.

The Young Composer Award is an annual competition based award issued by The Clarsach Society. Composers aged between 16 & 25 years of age are invited to present an original piece of music lasting no longer than 15, and no less than 10 minutes, suitable for:

- a) Solo Clarsach/Non-pedal harp
- b) Clarsach/Non-pedal harp and up to 3 other instruments and/or voices

Thèid am pìos-sgrìobhaidh a gheibh an duais a chluich aig Fèis Eadar-nàiseanta Clàrsach 2016 agus gheibh an neach-sgrìobhaidh £500 not mar phàirt den duais.

The award is £500 plus a premiere performance at the 35th Edinburgh International Harp Festival in 2016.

Feumar cur a-steach airson an fharpais seo ro 30 Samhain 2015. The deadline for the 2015 Award is 30 November 2015

'S urrainnear cur a-steach airson an fharpais aig / You can apply now by following this [link to our website](#).

No cuiribh thugainn e sa' phost / Alternatively, you can apply by post. Find out more by reading these [guidelines](#). Completed applications should be posted to:

*Michelle Kelly
The Clarsach Society,
Studio G43, Out of the Blue Drill Hall,
36 Dalmeny Street,
Edinburgh,
EH6 8RG.*



Pictured is last year's winner, Evelyn Cournoyer, accepting her award

An Comunn Gàidhealach

Fèis nan Òran

Gaelic Singing weekend le | with Fèisean nan Gàidheal

Deireadh sheachdain chòmhnaidh do dhaoine eadar 16 is 24 bliadhna a dh' aois |
Residential weekend of Gaelic song workshops for people aged 16-24

Le sàr sgioba de luchd-oide| With an excellent team of tutors:

Màiri Nic Aonghais
Màiri Nic a' Ghobhainn



Dihaoine 11 gu Didòmhnaich 13
den t-Sultain 2015
Inbhir Nis
Cosgais: Saor 's an asgaidh
Le taic-airgid airson chosgaisean-siubhail

Friday 11th to Sunday 13th September 2015
Inverness
Cost: Free
with funding for travel expenses

Fiosrachadh & clàradh
Information & booking:
Rachel 01463 225559
rachel@feisean.org
www.feisean.org

 

Fèis nan Òran – Fèis seinn an Inbhir Nis

Tha Fèisean nan Gàidheal toilichte fhoillseachadh gun cùmar fèis seinn ann an Inbhir Nis air an ath-mhìos.

Bidh 'Fèis nan Òran' a' dol eadar Dihaoine 11 agus Didòmhnaich 13 den t-Sultain agus fosgailte dha daoine òga eadar 16 is 24 bliadhna a dh' aois le ùidh ann an òrain Ghàidhlig. Bidh measgachadh de bhùthan-obrach seinn air an tairgse fo stiùir dithis sheinneadair air a bheil meas mòr ann an saoghal na Gàidhlig - Màiri Nic a' Ghobhainn agus Màiri Nic Aonghais.

A bharrachd air seo bidh cothrom aig compàirtichean tachartasan [Blas](#) fhrithealadh, fèis ciùil ainmeil a bhios a' dol air feadh na Ghàidhealtachd bhon 4mh – 12mh den t-Sultain.

Bidh Fèis nan Òran saor 's an asgaidh le àite-fuirich is biadh na lùib. Tha taic-airgid cuideachd ri fhaotainn airson chosgaisean-siubhail. Feumar clàradh ro-làimh gus àite a ghleidheadh agus thèid àiteannan a thoirt seachad a-rèir mar a thèid iarraidh orra.

Faodar iarrtasan a chur a-staigh air loidhne air
<http://tinyurl.com/feisnanoran>

Airson barrachd fiosrachaidh no foirm-iarrtais clo-bhuailte curiibh fios gu Raonaid Harris aig Fèisean nan Gàidheal air 01463 225559 no rachel@feisean.org

Fèis nan Òran – Gaelic song weekend in Inverness

Fèisean nan Gàidheal is delighted to announce a Gaelic song weekend in Inverness this September.

'Fèis nan Òran' will run from Friday 11th to Sunday 13th September and is open to young people aged 16 to 24 who are interested in Gaelic song. A range of song workshops are on offer, led by two highly respected Gaelic singers - Mairi Smith and Mairi MacInnes.

In addition Fèis nan Òran participants will also have the opportunity to attend events taking place as part of the renowned [Blas festival](#), an annual music festival taking place all across the Highlands from 4th to 12th September.

Fèis nan Òran is free to attend but participants must register first. Accommodation, meals and assistance with travel costs will also be provided. Places are limited so please apply online at www.tinyurl.com/feisnanoran.

For more information or for a printed copy of the registration form please contact Rachel Harris at Fèisean nan Gàidheal on 01463 225559 or rachel@feisean.org.



A' Charaid Chòir

Mod nan Eilean Siar 400 Club

Would you consider supporting the Western Isles Mod in the sum of a little over a pound a week by subscribing to a 400 Club, the 400 referring to the prize money awarded each month? This is how it works:

- ❖ Each participant pays £5 per entry per month by standing order to join, which entitles entry to each month's draw. One can have one or more entries - each entry costs £5 per month.
- ❖ A draw will be held at the end of each month and all eligible participants (i.e. all those who have paid) will be entered into the draw.
- ❖ Prizes each month will comprise of a first prize of £250, a second prize of £100 and a third prize of £50 (a total of £400).
- ❖ A list of monthly prize winners will be published at <http://www.acgmod.org/news> and the prizes will be credited to your bank account.

If you wish to take part, please fill in the Standing Order mandate overleaf, made out for £5, or a multiple thereof, and return the form to: An Ionmhasair, Mòd nan Eilean Siar, at the address below. It is proposed that the draw continues indefinitely to help with fundraising for future Mods, so please leave the Payment date fields blank unless you wish to specify an End Date. It would be useful if you could invite others to participate as well – the Standing Order form may be photocopied.

Rules

Your Standing Order is payable in advance on the 1st of each month, starting with the month following receipt.

Failure to pay the Standing Order will automatically stop your numbers for that month's draw.

All draws will be done in a public establishment or live on Isles FM with at least 2 committee members and a member of the public; details of time and venue can be obtained from committee members.

In any matters of doubt, the committee's decision is final.

OSCR Charity Number: SC001282

MÒD NAN EILEAN SIAR 2016

Taigh a' Mhorair Leverhulme, Ceàrnag Phearsabhaill, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais, HS1 2DD
Fòn: 01851 703487 Fàcs: 01851 706467

Leverhulme House, Perceval Square, Stornoway, Isle of Lewis HS1 2DD
Tel: 01851 703487 Fax: 01851 706467

To _____ Bank _____

Please set up the following Standing Order and debit my/our account accordingly

1. Account Details

Account Name _____ Account Number _____

Account Holding Branch _____ Sort Code _____

2. Payee Details

Name of Person or Organisation you are paying

Mòd nan Eilean Siar

400 Club Number (if known) - this will appear on the bank statement of the person or organisation you wish to pay

Sort Code – the bank code of the person or organisation that you are paying

83-27-12

Account Number – the account number of the person or organisation you wish to pay (eight digits – if less, place zeros at the front)

00651116

3. About the Payment

How often are the payments made

monthly

Amount Details

Date and amount of first Payment

1st

£

Date and amount of final Payment

4. Confirmation email:

Signature

Date

Address / Post Code / Phone No:.....



An Comunn Gàidhealach

An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Taigh a' Mhorair Leverhulme
Ceàrnag Phearsabhal
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD
Fòn: 01851 703 487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR
Fòn: 01463 709 705.
Post-d: info@ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealach

Stornoway Office

Leverhulme House
Perceval Square
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2DD
Telephone: 01851 703 487
Email: peigi@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR
Telephone: 01463 709 705.
Email: info@ancomunn.co.uk

Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn.

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch.

marina@ancomunn.co.uk

01851 703 487

www.ancomunn.co.uk

